

## Gàidhlig An Àrd Ìre - Èisteachd - An t-Eadar-lìon

Tha Calum agus Anna a' toirt seachad am beachdan air na buannachdan agus na h-eas-bhuannachdan a tha an lùib a bhith a' cleachdadh an eadar-lìn.

### 1. Beachd Chalum

Chan urrainn dhòmhsa a bhith daonnan cinnteach gu bheil an t-eòlas a gheibh mi bhon eadar-lìon gu tur fìor, oir tha e doirbh dhomh a dhearbhadh. Agus ma stèidhicheas mi mo bheachdan air fiosrachadh bhon eadar-lìon, nì e dragh dhomh gum faodar cur às mo leth nach eil mo bheachdan ach tuathal agus mì-reusanta. Mar as motha a tha de dhaoine a' cleachdadh an eadar-lìn, 's ann as motha a tha cothrom aig eucoirich brath a ghabhail air cùisean.

Ma chuireas sinn rud air-loidhne cha mhòr gun gabh e a thoirt às, agus faodaidh sin a bhith gu math cunnartach. Faodaidh droch bhuaidh a bhith aig an eadar-lìon air daoine òga gu sònraichte, oir tha ceannaircich ga chleachdadh airson am beachdan fhèin a sgaoileadh. Tha eagal orm gur iomadh duine òg, neoichiontach a chaidh ionnsachadh air sgàth sin gu ceannairceachd no eucoir a ghabhail os làimh. Faodaidh comas dhaoine air rud sam bith fhoillseachadh air-loidhne cron mòr a dhèanamh air an fheadhainn as laige. Abair gu bheil an t-eadar-lìon goireasach aig amannan, ach tha cunnartan mòra na chois. Uaireannan nì e barrachd cron na nì e de dh'fheum!

### 2. Beachd Anna

Tha an t-eadar-lìon air leth feumail ann a bhith a' toirt fiosrachadh dhuinn mu mhiltean mòra de chuspairean. Chan eil am mòr-shluagh idir cho gòrach 's gun gabh iad ri gach nì a leughas iad, gun smaoineachadh no sgrùdadh a dhèanamh orra. Agus chan eil an t-eadar-lìon eadar-dhealaichte bho mheadhanan eile san dòigh seo. Cluinnidh sinn mòran mu

# Bitesize

bhriseadh-a-steach air ar beatha phrìobhaideach, ach tha e furasta sin a sheachnadh ma chuireas sinn romhainn fiosrachadh pearsanta mu ar dèidhinn fhìn a chumail à làmhan choigreach. Agus nach eil e math gu bheil an t-eadar-lìon a' ceadachadh dhuinn a bhith a' deasbad ri chèile le saorsa, mu nithean cudromach ar beatha, le cothrom a thoirt dhuinn ar beachdan a thoirt do leughadairean eile.

Is e foghlam rud sònraichte airson a bheil an t-eadar-lìon air leth feumail, oir feumaidh oileanaich a bhith a' leughadh 's a' rannsachadh, agus cha mhòr gu bheil cuspair fon ghrèin mu nach fhaigh sinn fiosrachadh, dìreach le putan no dhà a bhruthadh air meur-chlàr a' choimpiutair. Goireas air leth, saoilidh mise. Agus ged a dh'fheumas sinn a chleachdadh gu ciallach, cha chòir dhuinn dìmeas a dhèanamh air.